



Plana Gàidhlig
Gaelic Plan

2019-2024

Air aontachadh le/Approved by: Bòrd Stiùiridh

Air aontachadh air/Approved on: 12/09/2019

Ath-nuadhachadh a dhìth/Review due on: 12/09/2020

Eadar-theangachadh dearbhte/translation checked: CS

Facal-toisich

Bu toigh leam an cothrom seo a ghabhail fàilte a chur air a' Phlana Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig. Ged a tha poileasaidh Gàidhlig air a bhith aig a' Bhòrd bho thus, seo a' chiad turas tha plana mar seo air a bhith againn.

'S e plana Gàidhlig saor-thoileach a th' ann ach chaidh ullachadh a rèir nan slatan-tomhais reachdail ann an Achd 2005 agus thugadh fa-near don Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig agus don Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

Ged a tha Bòrd na Gàidhlig mu thràth a dhèanamh a' mhòr-chuid a bhiodh tu an dùil bho Ùghdarras Poblach air thaobh cleachdadh na Gàidhlig, mar bhuidhnean eile tha obair fhathast ri dhèanamh gus am bi a h-uile duine misneachail le bhith a' cleachdadh na Gàidhlig aig ìre fhoirmeil agus neo-fhoirmeil.

Gus seo a dhèanamh, thèid sgrùdadh a dhèanamh air sgilean Gàidhlig gach bliadhna agus thèid trèanadh a chur air dòigh a-rèir nan toraidhean. Thathar an dùil gum bi luchd-obrach na buidhne daonna a' leasachadh nan comasan leughaidh, sgrìobhadh, labhairt agus tuigse aca air thaobh na Gàidhlig.

Tha am plana seo cuideachd a' dearbhadh 3 prìomh prionnsabalan mar bhunait airson na h-obrach againn:-

Spèis cho-ionann - Nì Bòrd na Gàidhlig cinnteach, nuair a tha Gàidhlig mar phàirt den obair is na seirbheisean againn, gum bi an obair is na seirbheisean sin a cheart cho math agus aig an aon ìre ris an fheadhainn a gheibhear sa Bheurla.

Cothrom follaiseach - Nì Bòrd na Gàidhlig cinnteach gu bheil ar seirbheisean Gàidhlig a cheart cho ruigsinneach 's a tha ar seirbheisean Beurla.

Foreword

I would like to take this opportunity to welcome the Bòrd na Gàidhlig Gaelic Language Plan. Although the Bòrd has had a Gaelic policy since its inception, this is the first time that we've had a plan.

This is a voluntary Gaelic Language Plan but it has been prepared in accordance with reference to the statutory framework in the Gaelic Language (Scotland) Act 2005, to the National Gaelic Language Plan and to the Gaelic Language Plans guidance.

Although Bòrd na Gàidhlig is already undertaking the majority of what would be expected from a Public Authority in relation to Gaelic usage, in line with other organisations there is still work to undertaken to ensure that everyone uses Gaelic with confidence in both formal and informal situations.

In order to progress this, an annual audit of Gaelic skills will be undertaken and appropriate training delivered in accordance with the findings. It is fully expected that our staff will continually develop their skills across reading, writing, speaking and understanding Gaelic.

This plan also confirms 3 important principles that will underpin our work:-

Equal Respect – Bòrd na Gàidhlig will ensure, that when Gaelic is part of our work and services, that this work and services will be as good and to at least the same standard as would be expected through the medium of English.

Active Offer – Bòrd na Gàidhlig will ensure that people know about the Gaelic services we offer and that they are as accessible as our English language services.

A' dèanamh Gàidhlig na pàirt àbhaisteach de dh'obair an ùghdarrais - Nì Bòrd na Gàidhlig cinnteach gum bi na cothroman don mhòr-shluagh agus do ar luchd-obrach airson Gàidhlig a chleachdadh air am fighe a-steach do ar n-obair mar nì àbhaisteach

Tha am Plana seo agus obair Bhòrd na Gàidhlig a' toirt taic don amas sa Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig 2018-23, gun tèid Gàidhlig a chleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann am barrachd shuidheachaidhean.

Shona NicIllinnein

Ceannard

Normalisation – Bòrd na Gàidhlig will ensure that opportunities for members of the public and for our staff to use Gaelic are embedded across the organisation as a normal part of business.

This Plan and the work of Bòrd na Gàidhlig supports the aim of the National Gaelic Language Plan 2018-23, that Gaelic is used more often, by more people and in a wider range of situations.

Shona MacLennan

Ceannard

Contents

Ro-ràdh/Introduction.....	4
Bòrd na Gàidhlig/Bòrd na Gàidhlig	4
Gàidhlig an luib obair Bhòrd na Gàidhlig/Gaelic within Bòrd na Gàidhlig	5
Achd na Gàidhlig (Alba) 2005/Gaelic Language (Scotland) Act 2005	6
Am Plana Cànanain Nàiseanta Gàidhlig/The National Gaelic Language Plan.....	7
Prìomh Phrionnsapalan/Key Principles.....	8
Spèis Co-Ionann/Equal Respect	8
Cothroman Follaiseach/Active Offer	8
A' Dèanamh Gàidhlig na Phàirt Àbhaisteach de dh' Obair an Ùghdarrais/Normalisation	9
Pàrantan Corporra/Corporate Parenting.....	9
Geallaidhean a' Phlana/Plan Commitments	10
Amasan airson Seirbheasan Corporra/Corporate Service Aims	10
Inbhe/Status.....	10
A' Conaltradh ris a' Mhòr-Shluaigh/Communicating with the Public.....	14
Fiosrachadh/Information	Error! Bookmark not defined.
Luchd-obrach/Staff	25
Corpas na Gàidhlig/Gaelic Language Corpus	31
Coileanadh is Sgrùdadh/Delivery and Monitoring.....	33
Clàr-ama/Timetable	33
A' Toirt a' Phlana am Follais/Publishing the Plan	33
A' Sgrùdadh Coileanadh a' Phlana/Monitoring Plan Delivery	33
Am Plana Gàidhlig an Lùib an Structair Chorporra/The Gaelic Plan in the Corporate Structure	33
An Neach-Dreuchd a Stiùireas Coileanadh a' Phlana/Staff Guiding the Plan	33
Luchd-Obrach Fa Leth/Individual Staff	34
Seirbheisean air an Lìbhrigeadh le Buidhnean eile agus agus Buidhnean air Astar/Third Party Service Providers.....	34

Ro-ràdh

Bòrd na Gàidhlig

Ar n-Àrd Amas

Gum bi a' Ghàidhlig air a faicinn is air a cluinntinn gu làitheil air feadh Alba, chun na h-ìre 's gum bi i air a h-aithneachadh mar phàirt bunaiteach de bheatha muinntir na h-Alba agus mar chànan prìseil a tha a' cur ri cultar is eaconamaidh na dùthcha.

'S e buidheann phoblach neo-roinneil ghnìomhach a th' ann am Bòrd na Gàidhlig a tha cunntachail tro Mhinistearan do Phàrlamaid na h-Alba. Air a stèidheachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 (An Achd) 's e Bòrd na Gàidhlig a' phrìomh bhuidheann ann an Alba air a bheil dleastanas gus leasachaidhean Gàidhlig a chur air adhart agus gus comhairle a thoirt do Mhinistearan na h-Alba mu chùisean Gàidhlig.

Fo chumhachan na h-Achd, thathar ag iarraidh air Bòrd na Gàidhlig a dhleastanasan a thoirt gu buil leis an amas inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil ann an Alba, a bhios a' dleasadh na h-aon spèis agus a th' ann don Bheurla.

Nì e seo tro bhith: -

- **Ag ullachadh** a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig agus a' co-òrdanachadh coileanadh a' Phlana sin
- **A' toirt stiùireadh** do mar a thèid Planaichean Gàidhlig nan Ùghdarrasan Poblach ullachadh is a chur an gnìomh
- **A' foillseachadh** stiùireadh reachdail gus foghlam Gàidhlig a thoirt air adhart
- **A' toirt comhairle** do Mhinistearan Riaghaltas na h-Alba air cùisean Gàidhlig

Introduction

Bòrd na Gàidhlig

Our Vision

Gaelic is seen and heard on a daily basis across Scotland, such that it is widely recognised as an integral part of Scottish life and a national, cultural and economic asset.

Bòrd na Gàidhlig is non-departmental public body which is responsible via Scottish Ministers to the Scottish Parliament. Established under the Gaelic Language (Scotland) Act 2005, Bòrd na Gàidhlig is the principal public body in Scotland responsible for promoting Gaelic development, including providing advice to Scottish Ministers on Gaelic issues.

Under the terms of the 2005 Act, Bòrd na Gàidhlig is asked to carry out its functions with the aim of securing the status of Gaelic as an official language of Scotland, which commands equal respect to English.

This is done by: -

- Producing the National Gaelic Language Plan and co-ordinate its delivery
- Overseeing the development and implementation of Gaelic Language Plans by Public Authorities
- Publishing statutory guidance to develop Gaelic education
- Advising Scottish Government Ministers on Gaelic issues

- **A' toirt seachad** maoin eachadh gus Gàidhlig a thoirt air adhart
- **A' toirt stiùireadh is comhairle seachad** mar thaic do dh'iomairtean Gàidhlig
- **A' stèidheachadh is a' libhrigeadh** phròiseactan is iomairtean
- **A' cur na Gàidhlig air adhart** gu h-ionadail, gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta
- **A' toirt fa-near do is a' frithealadh air** feumalachdan nan coimhearsnachdan
- Distributing funds for the development of the Gaelic language
- Providing leadership and advice in support of Gaelic language initiatives
- Initiating and implementing projects and initiatives
- Promoting Gaelic locally, nationally and internationally
- Listening and reacting to the needs of communities

Gàidhlig an luib obair Bhòrd na Gàidhlig

'S i a' Ghàidhlig an cànan a bhios Bòrd na Gàidhlig a' cleachdadh na obair làitheil aig ìre fhoirmeil agus neo-fhoirmeil. Tha a' Ghàidhlig mar sgil riatanach airson a h-uile dreuchd aig Bòrd na Gàidhlig ach far a bheil duilgheadas fastaidh ann, thèid dreuchd a shanasachd dà thuras mus tèid lèirmheas a dhèanamh air na feumalachdan a thaobh sgilean riatanach.

'S e amas na buidhne gun tèid Gàidhlig a chleachdadh leis an luchd-obrach agus Buill a' Bhùird taobh a-staigh agus taobh a-muigh na buidhne far an gabh sin dèanamh agus tha am plana seo a' neartachadh an t-amas seo.

Ged a tha sgilean cànanain Gàidhlig aig luchd-obrach Bòrd na Gàidhlig aig an ìre far a bheil e comasach na geallaidhean as a' phlana seo a thoirt gu buil, chaidh sgrùdadh a dhèanamh air na sgilean Gàidhlig aig luchd-obrach Bòrd na Gàidhlig anns an Ògmhios 2018 mar bhunait airson prògram trèanaidh.

Gaelic within Bòrd na Gàidhlig

Gaelic is the language that Bòrd na Gàidhlig uses in its everyday activities at both a formal and informal level. Gaelic is an essential skill for all posts at Bòrd na Gàidhlig but where recruitment proves problematic a vacancy will be advertised twice before the requirement for essential skills is reviewed.

The aim of the organisation is to ensure that Gaelic is used by staff and Board Members both internally and externally wherever possible and this plan reinforces this objective.

Bòrd na Gàidhlig employees have Gaelic language skills to the extent that it is possible to deliver on the commitments set out in this plan.

Mar a bhathas an dùil, tha sgilean Gàidhlig aig a h-uile neach-obrach aig Bòrd na Gàidhlig - ach bha an sgrùdadh a' dearbhadh gu bheil na sgilean seo aig diofar ìrean thairis air na ceithir comasan; tuisginn, bruidhinn, leughadh agus sgrìobhadh.

A review of Bòrd na Gàidhlig staff's Gaelic language skills was carried out in June 2018 as the basis for a training program and as might be expected, all Bòrd na Gàidhlig staff members have Gaelic skills - but the survey confirmed that these skills are at varying levels across the four capacities of understanding, speaking, reading and writing.

Tha Bòrd na Gàidhlig air prògram trèanaidh a chur air dòigh gus na sgilean Gàidhlig aig gach neach-obrach a' neartachadh. Thathas ag amas gun tèid na sgilean Gàidhlig aig a h-uile neach a leasachadh le bhith ag obair aig Bòrd na Gàidhlig agus mar phàirt deatamach den leasachadh pearsanta aig gach duine.

Bòrd na Gàidhlig has put in place a training program to strengthen the Gaelic skills of all staff. The aim is to develop the Gaelic language skills of everyone working at Bòrd na Gàidhlig as an integral part of everyone's personal development

Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba le sùil gus inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil ann an Alba a tha a' faighinn spèis a tha co-ionann ris an spèis a th' ann don Bheurla.

Gaelic Language (Scotland) Act 2005

The Gaelic Language (Scotland) Act 2005 was passed by the Scottish Parliament with a view to securing the status of the Gaelic language as an official language of Scotland commanding equal respect to the English language.

'S e aon de na h-earrainnean as cudromaiche de Achd 2005, an cumha a tha toirt ùghdarras do Bhòrd na Gàidhlig iarraidh air buidhnean poblach Planaichean Gàidhlig ullachadh. Chaidh an cumha sin a dhealbhadh gus dèanamh cinnteach gun cuidicheadh an roinn phoblach ann an Alba le bhith gleidheadh na Gàidhlig san àm ri teachd agus iad a' cur ri inbhe is ìomhaigh a' chànain agus a' cruthachadh chothroman pragtaigeach gus an cànan a chleachdadh.

One of the key features of the 2005 Act is the provision which empowers Bòrd na Gàidhlig to require public bodies to prepare Gaelic Language Plans. This provision was designed to ensure that the public sector in Scotland plays its part in securing the future of the language, as it enhances the status and profile of the language and provides practical opportunities for its use.

'Se plana Gàidhlig saor-thoileach a th' ann ach chaidh an sgrìobhainn seo ullachadh a rèir frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' cur an cèill mar a chleachdas sinn Gàidhlig nar n-obair, mar a bheir sinn cothrom do dhaoine air Gàidhlig a chleachdadh nuair a tha sinn a' conaltradh ris a' phoball agus ri prìomh luchd-compàirt, agus mar a tha sinn a' dol a bhrosnachadh agus a' dol a thoirt na Gàidhlig air adhart.

Chaidh Plana Gàidhlig Bòrd na Gàidhlig ullachadh a rèir nan slatan-tomhais reachdail ann an Achd 2005 agus thugadh fa-near don Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig agus don Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

Am Plana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig

Tha adhbhar reachdail na buidhne soilleir – cànan is cultar na Gàidhlig a chur air adhart agus taic a thoirt dhaibh. Tha Plana Corporra na buidhne a' sealltainn mar a choileanas sinn ar n-adhbhar. Seo na prìomhachasan bhon Phlana Corporra a tha sinn ag amas a thoirt gu buil airson 2023 agus a rèir amasan a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig.

A' Toirt Fàs air Cleachdadh na Gàidhlig

"Gum bi barrachd dhaoine a' cleachdadh Gàidhlig agus a' faotainn bhuannachdan bhon chànan nan obair, aig an taigh agus sna coimhearsnachdan aca"

A' Toirt Fàs air Ionnsachadh na Gàidhlig

"Gum bi barrachd chothroman ann do dhaoine aig aois sam bith na sgilean Gàidhlig aca a thoirt air adhart agus gum bi e nas fhasa dhaibh na cothroman sin a ghabhail.

A' Cur air Adhart na Gàidhlig

"Gum bi barrachd dhaoine ann an Alba taiceil is bàidheil do chànan is cultar na Gàidhlig"

This is a voluntary Gaelic language plan but this document has been prepared in accordance with the framework of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005. It sets out how we will use Gaelic in our operations and how we use Gaelic when communicating with the public and key partners, and how we promote and develop the Gaelic language.

Bòrd na Gàidhlig's Gaelic Language Plan has been prepared with reference to the 2005 Act, the National Gaelic Language Plan and the Guidance on the Development of Gaelic Language Plans.

The National Gaelic Language Plan

The statutory purpose of Bòrd na Gàidhlig is clear - to promote and support the Gaelic language and culture and our Corporate Plan shows how we will achieve this. The following are the priorities from our Corporate Plan which sets out what we aim to achieve over the period to 2023 and in support of the objectives set out in the National Gaelic Language Plan.

Increasing the Use of Gaelic

"More people are using and benefiting from Gaelic at home, at work and in the community"

Increasing the Learning of Gaelic

"Opportunities for people to develop their Gaelic skills at any age have increased and are more accessible"

Promoting a Positive Image of Gaelic

"More people in Scotland are positive about Gaelic language and culture"

Prìomh Phrionnsapalan

Key Principles

Spèis Co-Ionann

Equal Respect

Bidh Bòrd na Gàidhlig ag obair le sùil gus inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil ann an Alba a tha a' faighinn spèis a tha co-ionann ris an spèis a th' ann don Bheurla.

Bòrd na Gàidhlig will work to secure the status of Gaelic as an official language of Scotland commanding equal respect to English.

Nì Bòrd na Gàidhlig cinnteach, nuair a tha Gàidhlig mar phàirt den obair is na seirbheisean againn, gum bi an obair is na seirbheisean sin a cheart cho math agus aig an aon ìre ris an fheadhainn a gheibhear sa Bheurla.

Bòrd na Gàidhlig will ensure that, when Gaelic is included in our work and services, this work and services are of the same quality as those provided in English.

Cothroman Follaiseach

Active Offer

Bheir Bòrd na Gàidhlig cothroman follaiseach air ar seirbheisean Gàidhlig do ar luchd-obrach agus don mhòr-shluagh. Le sin, nithear cinnteach, nuair a tha sinn a' tabhann sheirbheisean Gàidhlig, gum bithear a' dèanamh sanasachd orra am measg luchd-cleachdaidh na Gàidhlig, agus gun tèid am brosnachadh gu bhith gan cleachdadh.

Bòrd na Gàidhlig will clearly offer our Gaelic services to our staff and the public. We will ensure that when offering Gaelic services, these will be promoted to Gaelic users, and they will be encouraged to use them.

Le bhith a' dèanamh sin, cha bhi e mar uallach air an neach fhèin an t-seirbheis Ghàidhlig iarraidh agus bidh misneachd aig luchd-cleachdaidh na Gàidhlig gun tèid frithealadh air na feumalachdan aca ma tha iad airson an t-seirbheis a chleachdadh.

By making an active offer it will not be the responsibility of the individual to request service in Gaelic and those choosing to use Gaelic should have confidence that their needs will be fully met.

Nì sinn cinnteach gu bheil ar seirbheisean Gàidhlig a cheart cho ruigsinneach 's a tha ar seirbheisean Beurla.

We will ensure that our Gaelic services are as accessible as our English language services.

A' Dèanamh Gàidhlig na Phàirt Àbhaisteach de dh' Obair an Ùghdarrais

Nì Bòrd na Gàidhlig cinnteach gum bi na cothroman don mhòr-shluagh agus do ar luchd-obrach airson Gàidhlig a chleachdadh air am fighe a-steach do ar n-obair mar nì àbhaisteach, agus sinn a' toirt taic don amas sa Phlana Cànanain Nàiseanta Ghàidhlig 2018-23, gun tèid Gàidhlig a chleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann am barrachd shuidheachaidhean.

Pàrantan Corporra

Tha Bòrd na Gàidhlig mothachail air na dleastanasan a th' againn mar Pàrant Corporra agus gum bi a h-uile pàiste is neach òg fo chùram no a b' àbhaist a bhith fo chùram le Gàidhlig a' faighinn na h-aon cothroman 's a tha clann le cànanain eile. Gheibhear an ro-innleachd is plana gnìomha Bhòrd na Gàidhlig airson pàrant corporra [an seo](#).

Normalisation

Bòrd na Gàidhlig will ensure that the opportunities for members of the public and our staff to use Gaelic are embedded in our normal business, and in doing so we support the aim of the National Gaelic Language Plan 2018-23, that more people use Gaelic more often and in more situations.

Corporate Parenting

Bòrd na Gàidhlig recognises our responsibilities as a Corporate Parent and that all current and former looked after children with Gaelic have the same opportunities as children with other languages. Bòrd na Gàidhlig's corporate parent strategy and action plan can be found [here](#).

Geallaidhean a' Phlana

Plan Commitments

Amasan airson Seirbheasan Corporra

Corporate Service Aims

Tha na h-Amasan airson Seirbheisean Corporra gu h-ìosal stèidhichte air na tha Bòrd na Gàidhlig air ionnsachadh gu ruige seo bho Phlanaichean Gàidhlig aontaichte, agus tha e na amas dhuinn gum bi cuid a sheirbheisean Gàidhlig cudromach rim faotainn gu cunbhalach air feadh na roinne poblaiche.

The Corporate Services Aims below are based on what Bòrd na Gàidhlig has learned so far from agreed Gaelic Language Plans and we aim to ensure that key Gaelic services are made available on a regular basis across the public sector.

Inbhe

Status

Inbhe		Status	
Dleastanas/Gnìomh	An suaicheantas is ìomhaigheachd	Task / Action	Logo and Brand
A' bhuil air a bheilear ag amas mar a thathas a' nochdadh anns na h-Amasan airson Seirbheisean Corporra air feadh na roinne poblaiche	Thèid an suaicheantas is ìomhaigheachd chorporra a dhealbhadh ann an Gàidhlig agus Beurla a' chiad chothrom a gheibhear agus mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith a bhios ann. Bu chòir an aon ìre follaiseachd a bhith ann airson an dà chànan san t-suaicheantas.	Desired Outcome as per the Corporate Service Aims across the public sector	Render the corporate logo and branding in both Gaelic and English at the first opportunity and as part of any renewal process. The logo should demonstrate equal prominence for both languages.
Na tha tachairt an-dràsta	Tha suaicheantas Bòrd na Gàidhlig anns a' Ghàidhlig a-mhàin.	Current Practice	The Bòrd na Gàidhlig logo and brand is in Gaelic only.

Na gnìomhan a tha dhìth	A' cumail oirnn leis an suaicheantas a tha againn martha	Actions Required	Continue with current practice
Ceann-latha Coileanaidh	Air a choileanadh	Target Date	Completed
An t-oifigear le uallach airson na buile	Oifigear Conaltraidh	Responsibility	Communications Officer
Inbhe		Status	
Dleastanas/Gnìomh	Soidhnichean	Task / Action	Signage
A' bhuil air a bheilear ag amas mar a thathas a' nochdadh anns na h-Amasan airson Seirbheisean Corporra air feadh na roinne poblaiche	Thèid Gàidhlig agus Beurla a chleachdadh air soidhnichean follaiseach mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith.	Desired Outcome as per the Corporate Service Aims across the public sector	Prominent signage will include Gaelic and English as part of any renewal process.
Na tha tachairt an-dràsta	Tha oifisean a' Bhùird am broinn oifisean bhuidhnean eile. Tha soidhnichean dà-chànanach air feadh na togalaichean a leanas: Taigh a' Ghlinne Mhòir; An Tosgan; Bun Sgoil Ghàidhlig Loch Abar agus An Optima.	Current Practice	Bòrd na Gàidhlig has offices within the premises of other organisations. Bilingual signs are already in place in the following premises; Great Glen House, An Tosgan, Bun Sgoil Ghàidhlig Loch Abar and the Optima.

<p>Na gnìomhan a thath dhìth</p>	<p>Nithear brosnachadh air na buidhnean aig a bheil nan togalaichean far a bheileas stèidhichte gus am bi nan soidhnichean uile, a' gabhail a-steach soidhnichean sealach, anns a' Ghàidhlig agus anns a' Bheurla le spèis ch-ionnan don dà chànan</p> <p>Nithear oidhirp a bharrachd ann am Port Rìgh nuair a thig cothroman an àirde.</p>	<p>Actions Required</p>	<p>We will encourage organisations who have buildings in which Bòrd na Gàidhlig staff are located to ensure that all signage, including temporary signage, are in Gaelic and English with equal respect to both languages</p> <p>A particular effort will be made in Portree when this opportunity arises.</p>
<p>Ceann-latha Coileanaidh</p>	<p>Leantainneach</p>	<p>Target Date</p>	<p>On-going</p>
<p>An t-oifigear le uallach airson na buile</p>	<p>Manaidsear na h-Oifis</p>	<p>Responsibility</p>	<p>Office Manager</p>
<p>Inbhe</p>		<p>Status</p>	
<p>Dleastanas/Gnìomh</p>	<p>Coinneamhan</p>	<p>Task / Action</p>	<p>Meetings</p>
<p>A' bhuil air a bheilear ag amas mar a thathas a' nochdadh anns na h-Amasan airson Seirbheisean Corporra air feadh na roinne poblaiche</p>	<p>'S i Gàidhlig cànan obrach a' Bhùird, agus thathar an dùil gun cleachdar i gach cothrom a gheibhear aig coinneamhan a' Bhùird no nuair a thathar a' riochdachadh a' Bhùird.</p>	<p>Desired Outcome</p>	<p>The working language of the Bòrd is Gaelic, and it is expected that it will be used at every opportunity during Board meetings or when representing the Bòrd at meetings.</p>

<p>Na tha tachairt an-dràsta</p>	<p>Thèid coinneamhan a' Bhùird-stiùiridh agus Comataidhean air adhart tro mheadhan na Gàidhlig agus thèid làn fheum a dhèanamh de sheirbheisean eadar-theangachaidh nuair as urrainnear.</p> <p>Thèid pàipearan airson coinneamhan a sgrìobhadh ann an Gàidhlig gu h-àbhaisteach, agus gu dà-chànanach ma dh'fheumar nuair a tha dùil ann gum bi daoine an làthair nach leugh a' Ghàidhlig.</p>	<p>Current Practice</p>	<p>Board and Committee meetings are conducted through the medium of Gaelic and translation services are used where needed.</p> <p>Papers for meetings will normally be written in Gaelic, and bilingually if required where attendance is expected for non-Gaelic speakers.</p>
<p>Na gnìomhan a tha dhìth</p>	<p>A' cumail a' dol leis na tha tachairt an-dràsta</p>	<p>Actions Required</p>	<p>Continue with current practice</p>
<p>Ceann-latha Coileanaidh</p>	<p>Air choileanadh</p>	<p>Target Date</p>	<p>Completed</p>
<p>An t-oifigear le uallach airson na buile</p>	<p>Manaidsear Gnìomhan</p>	<p>Responsibility</p>	<p>Operations Manager</p>

A' Conaltradh ris a' Mhòr-Shluaigh

Communicating with the Public

A' Conaltradh ris a' Mhòr-Shluaigh		Communicating with the Public	
Dleastanas/Gnìomh	Adhartachadh	Task / Action	Promotion
A' bhuil air a bheilear ag amas mar a thathas a' nochdadh anns na h-Amasan airson Seirbheisean Corporra air feadh na roinne poblaiche	A' toirt teachdaireachd bhrosnachail seachad gum bithear daonnan a' cur fàilte air conaltradh a nì am mòr-shluagh ris an ùghdarras ann an Gàidhlig.	Desired Outcome as per the Corporate Service Aims across the public sector	Positive message that communication from the public in Gaelic is always welcome.
Na tha tachairt an-dràsta	Tha Bòrd na Gàidhlig mar-tha a' cur fàilte air conaltradh sam bith a nì am mòr-shluagh rinn sa Ghàidhlig.	Current Practice	Bòrd na Gàidhlig already welcomes the use of any form of communication from the public in Gaelic.
Na gnìomhan a tha dhìth	Thèid sanasachd a dhèanamh air an t-seirbheis seo am measg a' mhòr-shluaigh air làrach-lìn agus meadhanan sòisealta Bhòrd na Gàidhlig.	Actions Required	This service will be promoted to the public on Bòrd na Gàidhlig's website and social media.
Ceann-latha Coileanaidh	Dùbhlachd 2019	Target Date	December 2019
An t-oifigear le uallach airson na buile	Oifigear Conaltraidh	Responsibility	Communications Officer
A' Conaltradh ris a' Mhòr-Shluaigh		Communicating with the Public	
Dleastanas/Gnìomh	Conaltradh Sgrìobhte	Task / Action	Written Communication

<p>A' bhuil air a bheilear ag amas mar a thathas a' nochdadh anns na h-Amasan airson Seirbheisean Corporra air feadh na roinne poblaiche</p>	<p>Bithear daonnan a' gabhail ri conaltradh sgrìobhte ann an Gàidhlig agus thèid freagairtean Gàidhlig a thoirt seachad a rèir a' phoileasaidh choitchinn.</p>	<p>Desired Outcome as per the Corporate Service Aims across the public sector</p>	<p>Written communication in Gaelic is always accepted (post, email and social media) and replies will be provided in Gaelic in accordance with the general policy.</p>
<p>Na tha tachairt an-dràsta</p>	<p>Tha Bòrd na Gàidhlig a' gabhail ri conaltradh sgrìobhte (litrìchean, puist-d agus na meadhanan sòisealta) ann an Gàidhlig agus thèid freagairtean Gàidhlig a thoirt seachad.</p> <p>Nithear Bòrd na Gàidhlig conaltradh sgrìobhte ri buidhnean Gàidhlig agus do dh'oifigearan le Gàidhlig anns a' Ghàidhlig a-mhàin.</p> <p>Far nach eil fios againn ma tha Gàidhlig aig an neach ris a bheileas a' sgrìobhadh, thathas a' sgrìobhadh anns a' Ghàidhlig agus anns a' Bheurla ach puist-d anns a' Bheurla le pìosan Gàidhlig.</p>	<p>Current Practice</p>	<p>Bòrd na Gàidhlig accepts written communications (letters, emails and social media) in Gaelic and responds to them in Gaelic.</p> <p>Bòrd na Gàidhlig communicates in Gaelic with Gaelic language organisations and officers in other organisations with Gaelic.</p> <p>Where we do not know if the recipient is a Gaelic speaker, emails are sent in English with some Gaelic text.</p>

	Bidh Bòrd na Gàidhlig a' freagairt puist-d Beurla anns a' Bheurla.		Bòrd na Gàidhlig responds to English emails in English.
Na gnìomhan a tha dhìth	A' cumail a' dol leis na tha tachairt an dràsta	Actions Required	Continue with current practice
Ceann-latha Coileanaidh	Air a choileanadh	Target Date	Completed
An t-oifigear le uallach airson na buile	Sgioba air fad	Responsibility	Whole team
A' Conaltradh ris a' Mhòr-Shluaigh		Communicating with the Public	
Dleastanas/Gnìomh	Ionadan-fàilte is am fòn	Task / Action	Reception and phone
A' bhuil air a bheilear ag amas mar a thathas a' nochdadh anns na h-Amasan airson Seirbheisean Corporra air feadh na roinne poblaiche	Nuair as urrainn do luchd-obrach le Gàidhlig an t-seirbheis seo a thoirt seachad, gheibh iad taic airson sin a dhèanamh, agus thèid sanasachd a dhèanamh air an t-seirbheis am measg a' mhòr-shluaigh.	Desired Outcome as per the Corporate Service Aims across the public sector	Where Gaelic speaking staff can provide this service, they are supported to do so, and the service is promoted to the public.
Na tha tachairt an-dràsta	Bidh oifigearan a' Bhùird a' freagairt am fòn anns a' Ghàidhlig agus leanaidh an còmhradh ann an cànan aig an neach a tha a' fònadh.	Current Practice	Bòrd na Gàidhlig staff answer the telephone in Gaelic and the conversation will follow in the language of the caller.

<p>Na gnìomhan a tha dhìth</p>	<p>Cumaidh sinn oirnn am fòn a fhreagairt anns a' Ghàidhlig.</p> <p>Brosnaichidh sinn do bhuidhnean eile a bhith a' cumail ris na geallaidhean anns na planaichean aca a thaobh a bhith a' tabhainn seirbheis Gàidhlig aig an ionad fàilte agus air am fòn.</p>	<p>Actions Required</p>	<p>Continue with current practice.</p> <p>We will encourage other organisations to fulfil commitments made in their plans to provide a Gaelic service at reception and over the telephone in the buildings that we share with them.</p>
<p>Ceann-latha Coileanaidh</p>	<p>Leantainneach</p>	<p>Target Date</p>	<p>On going</p>
<p>An t-oifigeair le uallach airson na buile</p>	<p>Ionadan-fàilte – Sgioba nam Planaichean Am fòn - Sgioba air fad</p>	<p>Responsibility</p>	<p>Reception – Gaelic Plans Team Phone – Whole team</p>
<p>A' Conaltradh ris a' Mhòr-Shluaigh</p>		<p>Communicating with the public</p>	
<p>Dleastanas/Gnìomh</p>	<p>Coinneamhan Poblach</p>	<p>Task / Action</p>	<p>Public Meetings</p>
